

# Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan

Ceistean Cumanta  
An Lùnastal 2023



### A bheil liosta airidheachd ann?

Gus a bhith airidh, feumaidh tagraichean a bhith:

- Ochd bliadhna deug a dh'aois no nas sine
- Stèidhichte ann an aon de cheithir nàiseanan na RA - Sasainn, Èirinn a Tuath, Alba no a' Chuimrigh
- Nan neach-cleachdaidh chruthachail ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail no mar bhuidhinn ag obair sna gnìomhachasan ealain is cruthachail.
- Le cunntas banca na RA fon ainm fhèin.

### Feumaidh tagraichean

- Gealltanais dearbhte bho co-dhiù aon chom-pàirtiche ealanta no cruthachail stèidhichte ann an aon de na ceithir nàiseanan eile - Sasainn, Èirinn a Tuath, a' Chuimrigh no Alba (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann)

### agus

- Gealltanais bho chom-pàirtiche eadar-nàiseanta ealanta no cruthachail (faodaidh seo a bhith mar neach fa leth no buidheann). Cuiridh a' mhaoin seo priomhachas cuideachd air com-pàirteachasan eadar-nàiseanta taobh a-staigh na Roinn Eòrpa.

### Dè thathas a' ciallachadh le com-pàrtiche cruthachail eadar-nàiseanta?

Airson na maoine seo, 's e com-pàrtiche cruthachail eadar-nàiseanta:

- siobholtach nach buin don RA a tha a' còmhnaidh ann agus ri cleachdad cruthachail ann an dùthaich neo-RA

### air neo

- buidheann nach eil clàraichte san RA a tha ri cleachdad cruthachail stèidhichte ann an dùthaich neo-RA

### Dè na seòrsaichean chosgaisean ris an toir a' mhaoin taic?

#### Cìsean Luchd-ealain:

Bu toigh leinn dèanamh cinnteach gu bheil sibh gur pàigheadh fhìn, agus a' pàigheadh buill a' phròiseict agaibh mar as còir. Feumaidh am pròiseact agaibh cosgaisean a ghabhail a-steach airson na h-ùine agaibh/aca. Faodaidh na cìsean seo a bhith suas gu 100% de chosgais a' phròiseict agaibh. Thoiribh dhuinn gearr-chunntas air na cìsean seo, a' gabhail a-steach tabhartasan neo-ionmhasail sam bith, ann am buidseat a' phròiseict.

#### Cosgaisean gnìomhachd ealanta:

Faodaidh iad seo cosgaisean leithid siubhail, còmhdhail, àite-fuirich, per diems, àrachas siubhail, cosgaisean gnìomhachd didseatach is fastadh rumannan ath-aithris is uidheam a ghabhail a-steach. Faodaidh sibh cosgaisean a ghabhail a-steach leithid eadar-theangachadh is mineachadh a' phròiseict.

### **Cosgaisean airson na gnìomhachd agaibh a dhèanamh nas ruigsinniche:**

Tha dùil againn gun dèan sibh a' ghnìomhachd agaibh ruigsinneach do dhaoine ciorramach ma tha sibh a' gabhail a-steach chom-pàirtichean agus/no luchd-amhairc eile. Faodaidh tu cosgaisean a ghabhail a-steach leithid: tuairisgeul claisneachd, eadar-mhìneachadh BSL (Cànan-soidhnidh Bhreatainn) is cànanan soidhnidh eile agus fo-thiotaladh is caipseanadh.

### **Sgrùdadadh is luachadh:**

Bu chòir fa-near a thoirt an seo do chosgaisean ceangailte ri sgrùdadadh a' phròiseict agaibh aig gach priomh ìre, cho math ri cosgaisean luachaiddh sam bith.

### **Rianachd shònraichte a' phròiseict agus cosgaisean rianachd:**

'S urrainn dhuinn beachdachadh air rianachd shònraichte a' phròiseict agus cosgaisean rianachd mura h-eil iad pàighe le maoineachadh eile agus ma tha e follaiseach gu bheil iad barrachdail, agus mura h-eil sibh a' faighinn maoineachadh gu bitheanta bho aon de na comhairlean ealain. Feumaidh sibh a shealltainn dhuinn gun tarraing na cosgaisean fad ùine chuingichte agus gu bheil iad ceangailte gu dìreach ris a' phròiseact agaibh.

### **Dè na seòrsaichean chosgaisean nach gabh taic leis a' mhaoin?**

Thoiribh sùil air stiùireadh na maoine airson fiosrachadh mu na cosgaisean dha nach urrainn dhuinn taic a thoirt. (**Duilleag 5**)

### **Dè th' ann an Cosgaisean Inntrigidh?**

'S e cosgaisean inntrigidh cosgaisean neo-ealanta a tha ag amas air bacaidhean compàriteachaidh a thoirt air falbh dhuibh fhèin, do chuideigin leis a bheil sibh ag obair no a tha sibh a' fastadh, no do chom-pàirtichean no luchd-amhairc a bhios a' gabhail ùidh anns a' phròiseact no gnìomhachd agaibh. 'S urrainn dhuinn taic a thoirt a phàigheadh cosgaisean taic inntrigidh dhuibh fhèin, no do dhuine sam bith an sàs gu dìreach ann an leasachadh is libhrigeadh a' phròiseict. Dh'fhaodadh iad seo a ghabhail a-steach cosgaisean eadar-theangair càinain-shoidhnidh, cosgaisean geàrr-chlò-sgrìobhaiche, obraichean-taice, uidheam no bathar-bog speisealach.

Anns a' bhuidseat agaibh thoiribh dhuinn geàrr-chunntas air na cosgaisean inntrigidh, mar eisimpleir: *Obraiche-taice: £ san latha, X làithean.*

Tha an t-suim seo air leth bhon t-suim dha bheil sibh a' tagradh gus am pròiseact a libhrigeadh. Cuirear an t-suim seo ri iarrtas ionlan an tabhartais.

Bu chòir cosgaisean eadar-theangachaidh eile, mar eisimpleir bhon Chuimris gu Beurla no Beurla dhan Ghearmailtis, a bhith air an gabhail a-steach taobh a-staigh priomh chosgaisean a' phròiseict.

### Dè seòrsa gnìomhachd dhan gabh a' mhaoin a chleachdadadh?

Faodaidh tagraighean a bhith airson gnìomhachd phearsanta, dhidseatach no thar-chinealach (measgachadh den dà chuid pearsanta is didseatach). Faodaidh a' ghnìomhachd iomlaidean, muinntireasan, leasachadh com-pàirteachais, co-chruthachadh is lònraochadh a ghabhail a-steach.

- Dh'haodadh a' ghnìomhachd aon no barrachd de na leanas a ghabhail a-steach:
- Leasachadh cleachdaidh ealanta le bhith ag obair air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Co-nbrachadh còmhla ri luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta
- Leasachadh tràth-dhàimhean le luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean le sealladh san fhad-ùine de leasachadh mhargaidhean is luchd-amhairc air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta airson obair is a' togail ìomhaigh gu h-eadar-nàiseanta
- Iomlaid de phrìomh dhaoine chruthachail gus beachdan no càirdeasan ùra a leasachadh.

### Dè na meuran ann an riochdan ealain ris an urrainn dhuinn taic a chumail tron mhaoin?

'S urrainn dhuinn beachdachadh air molaidhean o luchd-cleachdaidh cruthachail agus buidhnean a tha ag obair ann an caochladh riochdan ealain, nam measg, ealain ioma-mheurach, pròiseactan do chloinn is òigridh agus na riochdan-ealain a leanas, a gheibhearr gu h-ìosal:

#### Obair-chiùird

- Obair-aodaich
- Àirneis
- Nasgadh leabhraichean
- Mosàigean
- Seudan.

#### Na h-Ealain Lèirsinneach

- Peantadh
- Cruth-ealain
- Dèanamh phriontaichean
- Tarraig dhealbhan
- Beò-dhealbhan.

#### Ceòl

- Ceòl-consairt clasaigeach/co-aimsireil na h-àird an lar
- Opara
- Ceòl tèatair agus ceòl-chluichean
- Jazz agus ceòl air òcaideachadh
- Ceòl pop co-aimsireil
- Ceòl traidiseanta
- Ceòl an t-saoghail
- Buidhnean coimhearsnachd
- Còmhlain
- Coimhearsnachdail.

**Litreachas**

- Bàrdachd
- Nobhailean/Nobhailean beaga
- Sgeulachdan goirid
- Obair stèidhichte air taisbeantas
- Sgrìobhadh sgrioptaichean
- Fìrinneach (aistean agus breithneachadh)
- Seanchas
- Leabhraichean cloinne;
- Nobhailean grafaigeach.

**Dannsa**

- Ballet
- Seòmar-dannsaidh
- Co-aimsireil
- Hip Hop
- Jazz
- Dannsa-ceuma
- Dannsa folk
- Dannsa Èireannach
- Dannsa nuadh-aimsireil
- Dannsa Swing.

**Tèatar**

- Taighean-cluiche
- Companaidhean stèidhichte air taighean-cluiche
- Companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach
- Iuchd-cleachdaidh tàatair fa leth
  - cleasaichean, teicneolaichean, stiùirichean, dealbhaichean, riochdairean agus sgrìobhaichean-dràma.

**Thoiribh fa-near nach eil an liosta gu h-àrd iomlan. Ma tha ceistean agaibh mu airidheachd ur beachd-smuain don mhaoin seo, cuiribh fios chun sgioba fiosrachaidh againn.**

**An urrainn dhuinn tagradh a chur ma tha sinn nar co-bhudheann luchd-ealain no nar lìonra?**

Gabhaidh sinn ri tagraighean bho cho-bhudhnean luchd-ealain is lìonraichean foirmeil is neo-fhoirmeil. Dhan fheadhainn nach eil ann an co-shuidheachadh foirmeil, feumaidh aon neach-ealain no neach-cleachdaidh cruthachail a bhith mar am prìomh thagraiche air am bheil uallach aithrisidh is ionmhasail.

### **Ciamar a chuireas com-pàrtichean comhairlean ealain nan ceithir nàiseanan taic ris a' phrògram?**

Bidh oifigearan bho Alba Chruthachail, Arts Councils Northern Ireland and England agus a' bhuidheann eadar-nàiseanta Wales Arts International aig Arts Council of Wales:

- a' cur a' phrògraim air adhart gus measgachadh de luchd-ealain ann an raon de sheòrsaichean-ealain, coimhairsnachdan is suidheachaidhean cruinn-eòlach air feadh na RA a bhrosnachadh ri tagradh a chur; agus,
- ag obair dlùth còmhla a' luachadh a' phrògraim agus a' togail air an t-soirbheachas dheth.

### **Cò a bhios a' measadh an tagraidh agam?**

Thèid an tagradh agaibh a sgòradh le dithis mheasadair à sgioba air an tarraig bho Arts Council England, Arts Council Northern Ireland, Arts Council Wales (Wales Arts International) agus Alba Chruthachail. Thèid tabhartasan a cho-dhùnadh an uair sin a rèir nan sgòran le panail riochdairean às na ceithir comhairlean is buidhnean ealain. Bidh stiùireadh na maoine a' suidheachadh nan slatan-tomhais agus mar a thèid an tagradh agaibh a mheasadh.

### **Dè seòrsa aithriseachd no luachaidh a bhios a dhìth aig deireadh na gnìomhachd agam?**

Bidh feum agaibh air foirm sgrùdaidh deireadh a' phròiseict a lìonadh, còmhla ri grunn cheistean goirid a' buntainn ris a' phròiseact agaibh gus ar cuideachadh le luachadh na maoine pileataich seo.

### **Dè na planaichean a tha ann airson ionnsachadh agus toraidhean na maoine seo a cho-roinn?**

Chaidh eòlasan o phròiseactan roimhe a cho-roinn aig maidnean Arts Infopoint UK agus ann an seisean co-roinnidh sònraichte eadar com-pàrtichean pròiseict. Bidh aithrisean a gheibhearr bho gach pròiseact dhan tug sinn taic nam pàirtean den luachadh a nì ceithir comhairlean ealain na RA air feum na maoine agus air ionnsachadh is toraidhean na gnìomhachd dhan tugadh taic.

### **A bheil teans ann idir gum builicheadh sibh còrr is £7,500 air pròiseact?**

'S e £7,500 an tabhartas as mothà a bheirear do chosgaisean pròiseict. Ach, 's ann a bharrachd air seo a bhios cosgaisean inntrigidh dhan toirear taic tron mhaoin seo.

### **Am faodar neach fa leth no buidheann ainmeachadh mar chom-pàirtiche ann am barrachd air aon tagradh?**

Chan fhaod neach no buidheann a bhith a' stiùireadh ach air aon tagradh a-mhàin, ach faodar ainmeachadh mar chom-pàirtiche ann an tagraidhean eile.

### **A bheil àiteachan no dùthchannan air an tèid prìomhachas a chur leis a' mhaoin seo?**

'S urrainn dhan mhaoin seo taic a thoirt do ghnìomhachdan le roinn no dùthaich sam bith taobh a-muigh na RA; ach, thèid prìomhachas a chur air gnìomhachd aig a bheil com-pàrtiche no com-pàrtichean anns an Ròinn Eòrpa.

### **A bheil sriantan sam bith ann do phròiseactan sa bheil Clann is Òigridh an-sàs?**

Chan fhaodar a' mhaoin a thoirt do dh'ealain choitcheann no gnìomhachdan cruthachail ann an sgoiltean. Faodar taic a chumail ri gnìomhachd fo stiùir neach-ealain a tha a bharrachd air lìbhrigeadh a' phrìomh-churraicealaim agus a tha a' dearbhadh obair chom-pàrtachail gu soilleir air a' chumha gum buin an tagradh do bhuidheann ealain no neach neo-eisimeileach airidh agus ma chuireas e luach ris na thèid ionnsachadh.

### **Dè a bu chòir do thagraichean a bhith a' tabhann a thaobh Dìona ma tha pròiseact ag iarraidh obair le cloinn agus òigridh/daoine so-leònta anns an lìbhrigeadh aca?**

Bhiodh e na bhuannachd ma chithear fianais air deagh-chleachdad i.e., a bhith dearbhte fo sgeama PVG (Dìon nam Buidhnean So-leònta)/Inntrigeadh NI/DBS (Seirbheis sgaoilidh agus bacaidh), agus ma tha Poileasaidh Dìon Cloinne aig an tagraiche a ghabhas a chleachdad anns a' phròiseact. Dh'faodadh an sgrìobhainn Creating Safety aig Alba Chruthachail a bhith feumail dhuibh a thaobh a bhith a' deasachadh **Poileasaidh Dìon Cloinne**.

### **An toir sibh na suimean tabhartais a tha tagraichean ag iarraidh, no am faodadh sibh tabhartas nas ìse a thabhairn?**

'S dòcha gum bi co-fharpais theann ann airson a' chòrr mhaoinean a tha rim faighinn agus nach tèid againn air gach tagradh airidh a mhaoineachadh. Dh'faodte gum faigh sibh suim nas ìse, ach bheir sinn fa-near ion-dhèanachd a' phròiseict ann an co-dhùnadh sam bith gus suim nas ìse a bhuleachadh oirbh.

### **Nuir a bhithear a' pàigheadh, ciamar a thèid maoineachadh a lìbhrigeadh (i. ann an aon phàigheadh no cuibhreannan)?**

Aon uair 's gun cuir sibh ur n-ainm ris agus gun till sibh ur n-Aonta Tabhartais thugainn agus gu bheil sinn air ur fiosrachadh is cumhaichean tabhartais sam bith a dhearbhadh, pàighidh sinn an tabhartas gu h-iomlan. Feumaidh sibh aithris a chur a-steach aig deireadh a' phròiseict agaibh mar chumha bun-thomhasach an tabhartais.

### **An urrainn dhuibh mo chuideachadh le sireadh chom-pàrtichean airson a' phrògram seo?**

Mholamaid gun cleachd daoine na fiosraichean, ceanglaichean is lònraighean aca gus beachd air pròiseact a dheasachadh airson na maoine seo. Sa chumantas, ma tha com-pàrtichean is co-obrachadh gu bhith soirbheachail, b' fheàrrde nam biodh eòlas is tuigse agaibh fhèin is aig ur com-pàrtichean air càch a chèile ro làimh, gus beachd air pròiseact a dheasachadh air co-leas gach com-pàrtiche, ach cuideachd a bhiodh dualtach air amasan a' phròiseict a lìbhrigeadh.

**Airson adhbharan na maoine seo, a bheil Éirinn a Tuath agus Poblachd na h-Éireann gam meas mar dhà nàisean?**

Tha, airson adhbharan na maoine seo, tha sin ceart.

**Am faod mi tagradh gu Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan ma tha mi a' faighinn tabhartasan pròiseict eile on Chomhairle Ealain ionadail agam?**

F: Faodaidh. 'S e cothrom maoineachaidh a bharrachd a th' ann am Maoin Eadar-nàiseanta nan Ceithir Nàiseanan. Ach, feumaidh sibh dèanamh cinnteach nach eil sibh ag iarraidh taic maoineachaidh airson na h-aon chosgaisean ris an deach taic a chumail le tabhartas maoine eile.

**Am feum mi com-pàirtichean ùra a lorg, no am faod mi obair còmhla ris na com-pàrtichean a th' agam an-dràsta?**

F: Faodaidh tu obair còmhla ris na com-pàrtichean a th' agaibh an-dràsta. Ach, feumaidh tu mìneachadh ciamar a bhios a' ghnìomhachd a mholar eadar-dhealaichte rithe, no a' leudachadh gu soilleir air an obair agaibh roimhe no an-dràsta còmha.

**Am feum mi maoineachadh co-ionann?**

Chan fheum. Chan eil maoineachadh co-ionann riatanach.